
Semeastar 2 2013-14

BA Cànan agus Cultar na Gàidhlig;
BA Gàidhlig agus Leasachadh;
BA Gàidhlig agus na Meadhanan;
BA Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta;
An Cùrsa Comais; Gàidhlig is Conaltradh

Tìotal a' Mhodail:	Litreachas: Sgilean Sgrùdaidh
Còd a' Mhodail:	UQ507232
Là is Ceann-là	Diciadain, 14 Cèitean 2014
Uair/Uine:	13.30-15.30

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Chan eil leabhraichean ceadaichte airson na deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Stuthan a bharrachd:

Tha na teacsanan iomchaidh an cois na deuchainn. Tha faclairean ceadaichte san deuchainn

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn. Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Chan fhaod thu freagairt sam bith a sgrìobhadh air a' phàipear cheist mura deach iarraidh ort seo a dhèanamh gu sònraichte. Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh

A crìochnachadh do dheuchainn:

Tha 4 ceistean san deuchainn seo agus feumaidh tu **2** a fhreagairt.

Tha ceithir pàirtean anns gach ceist: bu chòir dhut gach pàirt den cheist a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt. **Na cuir** d' ainm air pàirt sam bith den leabhair.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh

1. Ceist air an Sgeulachd Ghoirid

(Feumar na ceithir pàirtean den cheist a fhreagairt)

An Duine Dubh le Iain Mac a' Ghobhainn

- a. Gu follaiseach, chan eil mòran a' tachairt san sgeulachd seo: tadhlaidh fear-reic Innseanach no Pakistani air cailleadh a cheannaicheas fo-aodach sìoda bhuaithe. Minich dè eile a thachras aig ìre nach eil cho follaiseach. (25%)
 - b. Tha ìomhaighean nan ràitheachan (geamhradh, earrach, samhradh, foghar) a' dol tron sgeulachd air fad. Ciamar a tha seo a' daingneachadh ar tuigse air stait-intinn na cailliche? (25%)
 - c. Carson, nad bheachd-sa, a cheannaich a' chailleadh an 'silk underwear' ged a bha i air a h-uabhasachadh nuair a thug an duine a-mach an toiseach e, agus carson a phàigh i 18 tasan ged a bha esan deònach gabhail ri 17 tasan? (25%)
 - d. Dè uile a tha an sàs san abairt *dà shaoghal a' coinneachadh a chèile anns an dorchadas?* (25%)
- (100%)

2. Ceist air Bàrdachd Thraidiseanta

(Feumar na ceithir pàirtean den cheist a fhreagairt)

Naoi Ceud Deug 's a Ceithir Deug le Murchadh MacPhàrlain

- a. Dè an dealbh a tha sinn a' faighinn anns an òran seo de dhòigh-beatha muinntir Leòdhais ron Chogadh Mhòr? (25%)
 - b. Ciamar a tha am bàrd a' cleachdadh ìomhaighean bho nàdar anns an dàn seo? Thoir seachad eisimpleirean, le mìneachadh. (25%)
 - c. Tagh aon rann agus comharraich na faclan a tha a' co-fhuaimneachadh/ a' dèanamh comhardadh. (25%)
 - d. Ciamar a tha fios againn nach e a leannan an aon duine a chaill labhraiche an òrain seo? (25%)
- (100%)

3. Ceist air Nua-bhàrdachd

(Feumar na ceithir pàirtean den cheist a fhreagairt)

An t-Sean Bhean le Dòmhnall MacAmhlaigh

- a. Dè a dh'fhaodadh sinn a thogail à gur e 'thu' a tha MacAmhlaigh a' cleachdadh an àite 'sibh' anns an dàn seo? (25%)
 - b. 'Às an dubhar sin ... bhò ann an geimhil' – dè a tha an rann seo ag innse dhuinn mu dheidhinn na caillich? (25%)
 - c. A bheil cruth nan rann a' cur ri ciall na bàrdachd ann an dòigh sam bith? Ciamar? (25%)
 - d. Dè an dealbh a tha MacAmhlaigh a' toirt dhuinn den chaillich? Thoir eisimpleirean. (25%)
- (100%)

4. Ceist air Bàrdachd Bhoireannach

(Feumar na ceithir pàirtean den cheist a fhreagairt)

Gu Dòmhnallaich Ameireagaidh le Catrìona NicGumaraid

- a. Cò suidheachadh an dàin seo agus cò mu dheidhinn a tha e? (25%)
 - b. Cò tha bruidhinn anns an dàn, cò ris a tha e a' bruidhinn agus carson a dh'fheumas e bruidhinn mar seo riutha? (25%)
 - c. Tha an neach-aithris a' togail air an càirdeas cumanta agus air an cliù cumanta. Carson a tha am bàrd an dùil nach eil seo ceart? (25%)
 - d. Ciamar a tha an neach-aithris a' cur a loinn fhèin (a chruth fhèin) air eachdraidh? (25%)
- (100%)

Deireadh na deuchainn